

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



06/02/2012

SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a chleachdadh sa bhad

Bòrd na Gàidhlig a' cur taic urrasachd ri Duais Ghàidhlig ùr do na sgoiltean

Airson a' chiad uair a-riamh, chithear duais Ghàidhlig aig tachartas Duaisean Foghlaim na h-Alba am-bliadhna. Tha an duais a tha às leth Cànan is Cultar na Gàidhlig ann an Ionnsachadh a' toirt aithne do sgoiltean agus ro-sgoiltean a tha a' solarachadh chothroman don chloinn uile, mothachadh do chànan is do chultar na Gàidhlig a leasachadh. Tha an duais a' faotainn taic urrasachd bho Bhòrd na Gàidhlig a tha a' brosnachadh nan sgoiltean uile gus pàirt a ghabhail ann. Tha cothroman ainmeachaidh mu choinneamh na duaise fosgailte gu làithreach agus bidh sin a' dùnadh aig toiseach a' Mhàirt. Bidh seirbheis shònraichte a' gabhail àite dhaibhsan a bhios air a' gheàrr-liosta airson nan duaisean air Dimàirt 12 Ògmhios ann an Taigh-òsta Hilton ann an Glaschu. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu na duaisean air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig aig www.gaidhlig.org.uk.

Tha am fiosrachadh mu dheidhinn na duais Ghàidhlig a' leantainn gu dlùth air iomairt geamhraidh a' Bhùird ann an 2011/2012, le oidhirp nàiseanta air buannachdan dearbhte dà-chànanais a chur air adhart agus pàrantan a bhrosnachadh gus an cuid chloinne a chlàradh ann am foghlam Gàidhlig. Thuirt Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig Màiri Nic Ille Mhaoil: "Tha sinne aig Bòrd na Gàidhlig air leth toilichte ar taic a chur ris an duais seo aig àm a tha foghlam Gàidhlig a' leudachadh agus dh'iarradh sinn gu dùrachdach air na sgoiltean uile cur a-steach air a son. Tha dàrna Plana Gàidhlig Nàiseanta na h-Alba ag amas air an àireamh de chloinn a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig a mheudachadh bho 400 gu 800, agus tha adhartachadh foghlam Gàidhlig tro thachartasan leithid nan Duaisean Foghlaim gar cuideachadh gus an amas sin a choileanadh. Tha sinn a' cur fàilte air deònachd luchd-eagrachaidh an tachartais a bhith a' co-obrachadh leinn gus Gàidhlig a ghabhail a-steach do na duaisean.

Thuirt an Dtr Alasdair Allan, Ministear Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba: " 'S e cothrom mìorbhaileach a tha seo do sgoiltean air feadh na dùthcha iad fhèin a chur air adhart mar cheannabhairean ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus chuirinn ìmpidh orra uile a dhol an sàs ann."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



“Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh seasmhachd bheòthail a thèarainn don Ghàidhlig san àm ri teachd agus tha ar sgoiltean mar phàirt bhunaiteach ann an toirt sin gu buil.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu:

Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.

Post-d: steven@gaidhlig.org.uk Fòn-làimhe: 07557 481 081

NOTAICHEAN DON NEACH-DEASACHAIDH:

Chaidh Duaisean Foghlaim na h-Alba fhoillseachadh airson a’ chiad uair san t-Samhain 2001 le Riaghaltas na h-Alba agus Daily Record na h-Alba, le amasan sònraichte air soirbheachaidhean a chomharrachadh agus aithne a thoirt do na nithean a bhathar a’ coileanadh an taobh a-staigh foghlaim ann an Alba.

Tha inntreigeadh do na Duaisean fosgailte do na sgoiltean uile a tha a’ faotainn maoinachadh poblach, a’ gabhail a-steach àrd-sgoiltean, bun-sgoiltean, sgoiltean-àraich agus sgoiltean fheumalachdan sònraichte. Tha raon fharsaing de dhiofar sheòrsaichean sam faodar pàirt a ghabhail, a tha co-cheangailte ri Prògram a’ Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus a tha ag aithneachadh dìcheall is dealas an luchd-teagaisg agus an luchd-taic foghlaim. Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn Duaisean Foghlaim na h-Alba 2012, tadhailibh air www.scotlandeducationawards.co.uk.

Gu làithreach, tha 60 bun-sgoil agus 40 àrd-sgoil air feadh na h-Alba a tha a’ tairginn diofar chruthan de fhoghlaim Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For immediate use

Bòrd na Gàidhlig sponsors new Gaelic Award for schools

This year's Scottish Education Awards will see the inclusion of a Gaelic award for the first time. The Gaelic Language and Culture in Learning Award recognises schools and pre-schools who provide opportunities for all children to develop awareness of Gaelic language and culture. The award is sponsored by Bòrd na Gàidhlig who are encouraging all schools to enter. Nominations for the award are currently open and will close at the beginning of March. A special award ceremony will take place on Tuesday the 12th of June at the Hilton Hotel in Glasgow for those who are shortlisted for an award. More information about the awards can be found on Bòrd na Gàidhlig's website at www.gaidhlig.org.uk.

The announcement of a Gaelic award closely follows the Bòrd's winter campaign, 2011/2012, a national push to promote the proven benefits of bilingualism and encourage parents to enrol their children in Gaelic education. Bòrd na Gàidhlig's Head of Education and Learning, Mary MacMillan said: "We at Bòrd na Gàidhlig are very happy to support this award at a time when Gaelic education is expanding and would very much encourage all schools to enter. Scotland's second National Gaelic Language Plan aims to increase the number of children going through Gaelic-medium education from 400 to 800, aims and promotion of Gaelic education through such events as the Education Awards will help us to achieve this aim. We congratulate the event's organisers' willingness to work with us to include Gaelic in the awards.

The Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan added: "This is a wonderful opportunity for schools across the country to promote themselves as leaders in Gaelic learning and I'd urge as many as possible to get involved."

"The Scottish Government is committed to a vibrant and sustainable future for Gaelic and our schools are a fundamental part of making it happen."

ENDS

For further information, please contact:

Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig.

E-Mail: steven@gaidhlig.org.uk Mobile: 07557 481 081

www.gaidhlig.org.uk

Fòn: 01463 225 454

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



NOTES TO EDITOR:

The Scottish Education Awards were first launched in November 2001 by the Scottish Government and the Scottish Daily Record, with the specific aims of celebrating the successes and recognizing the achievements taking place within Scottish education.

Entry to the Awards is open to all publicly funded schools, including secondary, primary, nursery, and special schools. There is a wide variety of categories to enter which are linked to the Curriculum for Excellence Programme and that also recognize the dedication and commitment of teaching staff and education supporters. For further information about the 2012 Scottish Education Awards please visit www.scotlandeducationawards.co.uk.

There are currently 60 primary schools and 40 high schools across Scotland which offer different forms of Gaelic education.